

A' Cagar is a' Còmhradh

Cuairt-litir nan Nàbaidhean Ceilteach

Àir. 4 Màrt 2014



Sabhal Mòr Ostaig

Bliadhna air leth inntinneach

TOSTA 2013 – 16

Tuilleadh adhartais

Chuir sinn ar n-iarrtas a-steach gu Prògram Cultarach an EC airson 'TOSTA - Bhòidse thar Chuantan is Chrìochan', air 4 Màrt 2014, latha ron cheann-latha. Ma shoirbhicheas leinn, bidh dà bhliadhna ann de ghreisean còmhnaidheach, trèanadh is fèisean a thaobh nan ealain eadar-nàiseanta a thachras an co-bhuinn ris a' chiad bhòidse aig a' bhàta Bhasgach, *San Juan* - a bha na bàta airson mucan-mara a shealg - à Donostia ann an 2016. Thèid i timcheall chostachaidh na h-Eòrpa, le cargu cultarach na broinn agus teachdaireachd iomadachd gu naodh "mion-dhùthchannan". Tha còig bhuidhnean co-òrdanachaidh com-pàirteach is trì-deug co-bhuidhnean air a bhith ag obair air seo fad dà bhliadhna cha mhòr. Tha tuilleadh fiosrachaidh air duilleag 3.

TIONAL 2013

Cruinneachadh sònraichte

Thar trì latha san Ògmhios 2013, thàinig 100 riochdaire bho ochd dùthchannan còmhla aig làrach èireachdail Sabhal Mòr Ostaig, a' cholaiste Ghàidhlig san Eilean Sgitheanach. Bha iad a' roinn bheachdan, sgilean is eòlas, agus b' e bu mhotha a bha fa-near dhaibh, pròiseactan ùra a chur air dòigh còmhla. Tha sinn toilichte a ràdh gu bheil còrr is fichead iomairt ùr air tòiseachadh mu thràth mar thoradh air Tional. Chì sibh iomradh air td 2 air a dhà de na pròiseactan as luaithe a thòisicheas, agus chithear liosta iomlan, aithisg eadar-amail is gailearaidh de na dealbhan fìor mhath a thog an neach-ealain Basgach Maider Oleaga aig Tional air <http://www.celtic-neighbours.eu/>

CEÒL IS DÙTHCHAS 2013 – 14

Anam is Àrach

Ghabh an còmhlan òg Basgach, *Bitartean*, a' chiad chuairt aca thall thairis as t-samhradh 2013, ann an taobh siar is ceann a tuath na Cuimrigh, agus iad a' tarraing sluagh mòr sa h-uile àite. Bha an tosgaire ciùil Cuimreach, Meinir Gwilym, a' seinn còmhla riutha agus thill i gu Euskal Herria còmhla riutha san t-Sultain, far an do chluich iad ann an ceithir àiteachan do luchd-èisteachd a ghabh tlachd mhòr sa cheòl aca. Bidh Meinir cuideachd a' seinn ann an Galicia sa Chèitean 2014, agus tillidh *Bitartean* chun na Cuimrigh - agus cluichidh iad ann an Èirinn cuideachd - san Lùnastal, agus obraichidh iad còmhla ri Meinir san stiùidio mus till iad dhachaigh. An e rud a sheasas a tha seo? 'S e toiseach tòiseachaidh a th' ann co-dhiù.

TIONAL – dà thoradh a dh'èirich tràth

Bàrdachd – is cànan

Nochdaidh a' chiad eagan de iris bàrdachd dhidseatach ùr, sam bi dàin ann an tòrr de chànanan beaga na h-Eòrpa, ro mheadhan an t-samhraidh. Thàinig e bho bheachd a bh' aig Dr Dàibhidh Mac a' Chlèirich bho Universidade de Coruna agus Myrddin ap Dafydd de Gwasg y Carreg Falch, 's tha e a' faighinn taic bho Afùk, buidheann à Frýslan a bheir taic do chànanan. Ma bhios fèill air, stèidhichidh sinn bòrd-deasachaidh maireannach agus feuchaidh sinn ri fhoillseachadh gu cunbhalach. Tha Dàibhidh, agus a cho-obraiche Manuel Vilar bho Museo do Pobo Gallego ann an Santiago cuideachd a' cur air dòigh seachdain



Ienfâld

Ik bin in ko
En ik stean yn 'e stâl
En godtank
Ha 'k neat te krijen
Mei eamelerij
Oer hegere nivo's
Fan bewustwêzen

Hidde Boersma, Ut: de rop om Doede

de cheòl is cultar na Cuimrigh a thachras san oilthigh agus san taigh-tasgaidh sa Chèitean.

Na h-Ealain Lèirsinne – agus cànan

Ciara

Tha dà neach-ealain òg, aig an robh mion-chànan bho thùs agus a bhuineas do choimhearsnachdan beaga dùthchail, ag obair an-dràsta còmhla ri teaghlaichean aig a bheil tuathanas ann an Bro Cegir, faisg air Machynlleth am meadhan na Cuimrigh. A thuilleadh air na tha iad air clàradh is cruthachadh, tha iad air a bhith ag obair le crodh is caoraich, a' giùlan feur agus a' càradh bhallaichan cloiche. "S e neach-ealain a th' annam a dh'èistean ri daoine," tha Naomi Heath à Llanafan ann an Ceredigion ag ràdh. "Chan eil mi ag iarraidh taisbeanadh a dhèanamh mu mo dheidhinn-sa, a bhuineas riumsa. Tha mi airson na thathar a' faireachdainn sa ghleann seo a nochdadh, agus rudeigin a chruthachadh a bhuineas dhan a h-uile duine." Thuirt a caraid Ciara O Flynn à Ciarraí, "tha an dòigh obrach chom-pàirteach is mheòrachail seo air buaidh a thoirt air mar a chì mi mo bheatha is m' obair. 'S e gibht a th' air a bhith ann."



Às dèidh dhaibh barrachd ùine a chur seachad ag obair agus a' fuireach còmhla san eilean iomallach Enlli, far costa ceann a tuath na Cuimrigh, sa Chèitean, thèid an obair a thaisbeanadh an Gailearaidh na Sutaireachd ann an Y Tabernacl, Machynlleth, san t-Sultain. Thuirt Ruth Lambert bho Y Tabernacl, a tha cur an taisbeanaidh air dòigh, "Tha sinn a' cur fàilte mhòr air an obair seo, agus tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ris an taisbeanadh as t-fhoghar. Tha an dà neach-ealain, agus na cuspairean aca, gu tur firinneach. 'S e sin am facal." Tha sinn an dòchas gun urrainn do Chiara is Naomi cumail orra leis an obair aca air taobh siar na h-Èireann agus ri ùine ann an Innse Gall.

Naomi

TOSTA – Dè th’ ann, ma-tha?

(earrainn bhon iarrtas againn)

Tha “TOSTA - Thar Chuantan is Chrìochan” a’ cruthachadh ealain tro chom-pàirteachas Eòrpach; sàr obair-ealain-sa-choimhearsnachd le diofar mheadhanan ealain gus tuigse is co-obrachadh a bhrosnachadh eadar coimhearsnachdan Basgach, Fàrothach, Frisiach, Galiciach, Èireannach, Albannach is Cuimreach. Tha na cultaran seo an dà chuid air an roinn agus air an ceangal tro an cànanan fa leth agus a’ mhuir a tha timcheall gach fear dhiubh; ‘s e neart a th’ ann an iomadachd.

Chaidh an seann bhàta Basgach, an San Juan, a chleachd a bhith na bàta seilg mhucan-mara, a thogail às ùr, agus falbhaidh i timcheall na h-Eòrpa le cargu de chultar is i a’ brosnachadh iomadachd ann an 2016. Bidh i mar eilean sa mhuir far am bi ealain is cultar nam “mion-sgìrean” seo a’ tighinn còmhla, agus bidh i mar shamhla airson an turas a ghabhas sinn còmhla gu ruige barrachd tuigse is co-obrachaidh.

Cruthaichidh sinn builean ealain eadar-chultarach a choimheadas air cuspairean coitcheann agus a tharraingear luchd-amhairc is luchd-èisteachd ùra; bheir sinn trèanadh agus taic do luchd-tionnsgain òga bho na coimhearsnachdan gus dòighean ealanta a chleachdadh gus daoine a tharraing; daingnichidh sinn lìonraidhean com-pàirteach aig ìre ionadail; bheir sinn buaidh air mar a chleachdar modhan co-obrachaidh an lùib phoileasaidhean cultarach aig ìre nàiseanta/eadar-nàiseanta. Seallaidh sinn cho cudromach agus a tha com-pàirteachas eadar mion-chultaran tro thri iomairtean obrach co-aoanaichte.

Obraichidh ochdnar luchd-ealain, mar dheuchainn, ann an cultar eile le luchd-ealain is coimhearsnachdan ionadail. Nochdaidh an obair mar a tha a’ mhuir coitcheann do na dùthchannan, na cànanan fa leth, agus bheirear gu aire dhaoine na luachan is cinn-uidhe choitcheann Eòrpach againn. Nuair a ruigeas an San Juan port, broснаichidh i sreath de dh’fhèisean a chuireas na coimhearsnachdan air dòigh, ach a gheibh taic bho na buidhnean. Nì ochdnar luchd-tionnsgain òga, aon bho gach dùthaich, trèanadh còmhla gus sgìlean rianachd cultarach ùra ionnsachadh, agus cleachdaidh iad iad sin gus daoine a tharraing gu na tachartasan is taisbeanaidhean ùra a bhios gan cumail sna puirt air an tadhail an San Juan. Bidh lionra de làraichean-lìn, làraichean conaltraidh, blogaichean is “leabhraichean-latha” bhidio ann a bhrosnaicheas agus a leigeas le daoine a dhol air an turas chultarach seo, agus thèid an cruthachadh mar phàirt den phròiseact agus bidh iad ann nuair a bhios e deiseil.



Buidhnean Co-òrdanachaidh Com-pàirteach:

Ealain na Gaeltachta (Èirinn) - prìomh bhuidheann chom-pàirteach

Afûk (Frÿslan)

Nàbaidhean Ceilteach (A’ Chuimrigh)

Euskaleen Topagunea (Euskal Herria/ Dùthaich nam Basgach)

Pròiseact nan Ealan (Alba)

Taisbeanadh an San Juan ann an gàrradh-bhàtaichean Albaola, a’ tighinn gu bith mu thràth

Co-bhuidhnean: Dùthaich nam Basgach: Albaola, Donostia/Baile Cultarach na h-Eòrpa, San Sebastian 2016. **Èirinn:** An Óg, Aras Eanna. **Na h-Eileanan Fàrach:** Thing Project. **Frÿslan:** Ionad Rannsachaidh Eòrpach Mercator airson Ioma-chànanas, ‘T Fiskerhuis. **Galicia:** Museo do Pobo Gallego, Universidade de Coruna. **Alba:** Sabhal Mòr Ostaig, Taigh Chearsabhagh. **A’ Chuimrigh:** Galeri Caernarfon, Oriel Plas Glyn-y-Wedd, Theatr Felinfach,

Lleisiau/ Guthan

Airson an dàrna bliadhna tha daoine òga bho An Òg san Daingean is Theatr Felinfach ann an Ceredigion air obair còmhla gus taisbeanadh de dhràma, dannsa is ceòl a chur air dòigh a bha an dà chuid dùbhlannach is beothail. An turas seo, a' cur ris an tachartais aig Sabhal Mòr Ostaig, bha 'Lleisiau' fìor nuadh-nòsach

san




dòigh a choimhead iad air cùisean co-cheangailte ri cànan is ioma-chànanas, ann an dòighean a bha fosgarra agus tric èibhinn.



Am

measg nan daoine òga eile a bha cluich mar phàirt den chruinneachadh, bha dà neach-piàna clasaigeach à Powys, còmhlan-cèilidh às na h-Eileanan Siar, luchd-ciùil roc à Frýslan is Eilean Mhanainn. Chuir bàird, sgrìobhadairean rosg, preseantairean rèidio is TBh agus luchd-naidheachd uile ris an



ealantas a bha am follais aig TIONAL agus ris na còmhraidhean a bh' againn. Thaisbean luchd-ealain lèirsinne dealbhan-camara, dealbhan, nithean snaighte agus ealain shuidhichte. Agus bu thoil leinn taing a thoirt dhaibh uile airson na nithean fìor ùidheil a rinn iad. Tha an dealbh seo leis an neach-ealain Ciara O Flynn à Ciarraí.

Lionraidhean gan togail gun stad

Tha Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus **trac** ag obair còmhla an-dràsta gus slighe a stèidheachadh airson cuairtean le luchd-ciùil traidiseanta air feadh Alba is na Cuimrigh. Tha **trac** ag obair còmhla ri Fèis Rois gus togail air modhan-obrach a chaidh a

chleachdadh sna h-Eileanan an Iar, gus leasachaidhean a thaobh ceòl traidiseanta a chur air dòigh do dhaoine òga ann an sgìrean sònraichte sa Chuimrigh. Cuideachd, tha na Nàbaidhean Ceilteach fhèin ag obair le luchd-com-pàirt an Dùthaich nam Basgach, Galicia is Frýslan gus stòr-dàta de dh'ionadan cluiche a stèidheachadh bho air feadh dùthchannan beaga na h-Eòrpa a chuireadh fàilte air luchd-ciùil is eile bho chultaran eile. Bidh an stòr-dàta a' gabhail a-steach luchd-follaiseachd is tobraichean maoineachaidh cuideachd. Tha an Òg a' cruthachadh dràma-sràide is soircas còmhla ri luchd-ealain is companaidhean bho Alba is a' Chuimrigh airson an t-samhraidh, agus dealbh-cluiche còmhla ri stiùiriche às an Fhionnlainn, stèidhichte air an ath-riochdachadh film a rinn Dylan Thomas den leabhar ainmeil 'Fiche Bliain ag Fás' le Muiris Ó Súilleabháin mu Na Blascaodaí. Thèid a thaisbeanadh ann an 2016. Tha Gwyn Jones, Stiùiriche Oriol Plas Glyn-y-Weddw a' togail cheanglaichean ri sgoil de pheantairean air Eilean Thoraigh, an Dùn nan Gall. Tha Igor Otxoa à Euskal Herria a' tòiseachadh a' cruthachadh 'Orcastra nan Dùthchannan Beaga' a chluicheas ann an dà Phrìomh Bhaile Chultarach – Donostia 2016 agus Leeuwarden 2018 – mar phàirt den bhliadhna shònraichte aca. Agus fhad 's a thathar a' dealbh na cuairt-litreach seo, tha Naomi Heath à Ceredigion a' siubhal a dh'Uibhist a Tuath gus Pròiseact nan Ealan a chuideachadh le pròiseact ioma-mheadhain an sin.

Bu thoil leinn taing a thoirt do na buidhnean a leanas airson an taic-airgid, comhairle is càirdeas thar nam beagan mhìosan a dh'fhalbh: **Comhairle Ealain na h-Èireann, Comhairle Ealain na Cuimrigh, Bòrd na Gàidhlig, Colmcille, Alba Chruthachail, Ealain na Gaeltachta, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Stèidheachd Phòil Hamlyn, Sabhal Mòr Ostaig, Udaras na Gaeltachta, agus Riaghaltas Seanadh na Cuimrigh.**

Tha an lèirsinn a nochd Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus iad a' toirt taic is brosnachadh dhuinn gus aithisg ullachadh air na buaidhean eaconamach is cultarach a bhios ann thar bliadhna ri linn Tional is a chuid bhuilean, gu h-àraidh math, agus tha sinn a' cur fàilte air sin.